



The Scottish
Government
Riaghaltas na h-Alba

Riaghaltas na h-Alba

Maoineachadh Dùthchail

Iùil Chothroman



PROJECT PART-FINANCED
BY THE EUROPEAN UNION

Europe and Scotland
Making it **work together**



Tha rùn soilleir aig an Riaghaltas seo – gus dùthaich nas soirbheachaile a chruthachadh le cothroman soirbheachaidh airson Alba gu lèir. Ann a bhith a’ toirt seo gu buil tha e mar phrìomh phàirt cuideachadh a thoirt do choimhearsnachdan obrachadh còmhla gus an tèid aca air rudan atharrachadh sna sgìrean aca. Sin as coireach gu bheil sinn cho dealasach ann a bhith a’ toirt comas do choimhearsnachdan.

Tha mòran choimhearsnachdan dùthchail a’ sealltainn na slighe mar-thà. Tha an spionnadh, miann, tàlant agus mac-meanmna aca air diofar mòr a dhèanamh anns na sgìrean aca. Faodaidh a h-uile duine againn tlachd fhaighinn anns na buannachdan a tha sgìrean dùthchail Alba a’ tairgsinn, co-dhiù a tha sinn a’ fuireach annta no dìreach a’ tadhal orra. Tha coimhearsnachdan dùthchail eile a’ tòiseachadh air an t-slighe gu ruige a bhith a’ gabhail smachd air na rudan a tha cudromach dhaibhsan agus a’ dèanamh atharrachadh a bhios fìor agus maireannach.

Nuair a leasaich sinn am Plana Gnìomh Comasachaidh Coimhearsnachd againn (www.scotland.gov.uk/Topics/Built-Environment/regeneration/engage/empowerment), thuir



daoine rinn gun robh iad ag iarraidh eisimpleirean comasachaidh a th' ann mar-thà agus cuideachadh pragtaigeach dhaibhsan a tha ag iarraidh rudeigin a chur an gnìomh

Tha tairgsinn thabhartasan do choimhearsnachdan air fear de na prìomh ghnìomhan pragtaigeach a tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail airson taic a chumail ri comasachadh coimhearsnachd. Anns a' bhileag seo, gheibh sibh fiosrachadh mu dheidhinn taic tabhartais bhon Riaghaltas Albannaich, na h-aonadan agus buidhnean aige. Gheibh sibh cuideachd puingean ceangail airson ur cuideachadh gus tòiseachadh.


Air an tarraing còmhla, tha na struthan maoineachaidh seo a' tighinn gu timcheall £180m¹ de mhaoineachadh Riaghaltas na h-Alba agus Eòrpach thairis air na trì bliadhna bho 2008/11. Tha gach fear de na sgeamaichean tabhartais fosgailte do bhuidhnean coimhearsnachd dùthchail.

Air làrach-lìn Lìonra Sgìrean Dùthchail Nàiseanta na h-Alba (www.ruralgateway.org.uk), bidh comas agaibh ionnsachadh mu dheidhinn cuid de na coimhearsnachdan dùthchail a tha a' dèanamh fìor dhiofar anns na sgìrean aca. Tha iad seo brosnachail.

Tha mi an dòchas gun cuidich seo sibh gus planaichean airson leasachadh dùthchail a thoirt air adhart anns an sgìre agaibhse.

Ag obrachadh còmhla, thèid againn air coimhearsnachdan dùthchail beòthail, soirbheachail fhàs, a' cuideachadh Alba gu bhith soirbheachail.

Tha mi a' guidhe a h-uile soirbheachas dhuibh leis na planaichean agaibh!



Riseard Lochhead

Rùnaire a' Chaibineit airson Cùisean Dùthchail agus an Àrainneachd

¹Tha an àireamh seo a' toirt a-steach airgead bhon Aonadh Eòrpaich ann am Prògram Leasachadh Dùthchail na h-Alba le maoineachadh co-ionann bho Riaghaltas na h-Alba

Ro-ràdh

Tha Riaghaltas na h-Alba, na h-aonadan aige agus buidhnean poblach, a' tairgsinn taic tabhartais a' brosnachadh farsaingeachd de leasachadh dùthchail, pròiseactan adhartach ionadail agus buannachdan sòisealta, econamach agus àrainneachdail.

Tha iad seo fosgailte do choimhearsnachdan dùthchail a thuilleadh air coimhearsnachdan eile.

Tha na mìneachaidhean goirid agus puingean ceangail anns a' bhileig seo ag amas ar cuideachadh agus ar coimhearsnachd a chuideachadh gus fiosrachadh a lorg.

Faodaidh maoinachadh Crannchur cuideachadh cuideachd. Tha duaisean airson Alba gu Lèir a' cur airgead crannchur air ais a-steach gu coimhearsnachdan ionadail le bhith a' toirt tabhartasan seachad eadar £500 agus £10,000. Tha e a' maoinachadh phròiseactan a tha a' leasachadh chothroman airson daoine gus pàirt a ghabhail ann an ealain, spòrs agus cur seachadan coimhearsnachd agus faodaidh e maoinachadh a chumail ri roghainn farsaing de bhuidhnean. Faodar làn fhiosrachadh fhaighinn air an làrach-lìn aig www.awardsforall.org.uk/indexscotland.html. Faodaidh sibh cuideachd fios a leigeil chun a' Sgioba Fiosrachaidh airson comhairle air 0870 240 2391 no post-d a chur thuca aig Scotland@awardsforall.org.uk.

Faodaidh sibh comhairle fhaighinn mu dheidhinn riochdan eile de mhaoineachas crannchur le bhith a' cur fòn gu loidhne-taic maoinachaidh a' Chrannchuir Nàiseanta air 0845 275 0000, fòn-teacsa 0845 275 0022 no tadhal air an làrach-lìn aig www.lotteryfunding.org.uk/scotland.htm.

Airson ionnsachadh mu dheidhinn coimhearsnachdan dùthchail eile, na tha a' tachairt air feadh sgìrean dùthchail Alba agus ur beachd a thoirt seachad air cùisean an latha, tadhail aig www.ruralgateway.org.uk



Leasachadh Dùthchail

Mar phàirt de Phrògram Leasachadh Dùthchail na h-Alba (SRDP), Cùmhnantan Leasachadh Dùthchail (RDC) – 's e sgeama fharpaiseach a th' ann am Prìomhachasan Dùthchail a tha a' cur taic ri libhrigeadh buannachdan àrainneachdail, sòisealta agus eaconamach.

Tadhail aig www.scotland.gov.uk/Topics/Rural/SRDP/RuralPriorities airson tuilleadh fiosrachaidh no cuir fios gu:

EARRA-GHÀIDHEAL | Bill Dundas

bill.dundas@scotland.gsi.gov.uk, 0300 2449340

SIORRACHD ÀIR | Gregor Caldwell

gregor.caldwell@scotland.gsi.gov.uk, 01292 291300

NA CRÌOCHAN | Jamie Smith

jamie.smith@forestry.gsi.gov.uk, 01698 222471

GLEANN CHLUAIDH | Keith Wishart

keith.wishart@forestry.gsi.gov.uk, 01698 368530

DÙN PHRIS & GALL-GHÀIDHEALAIBH | Chris Miles

chris.miles@snh.gov.uk, 01387 247010

FOIRTHE | Iain Rennick

iain.rennick@snh.gov.uk, 0131 654 2466

ROINN A' MHONAIDH | Jenni Kinnaird

jennifer.kinnaird@scotland.gsi.gov.uk, 01467 626218

GÀIDHEALTACHD | Anne Rae

anne.rae@scotland.gsi.gov.uk, 01463 234141

EILEANAN MU THUATH | John Uttley

john.uttley@snh.gov.uk, 01595 693345

INNSE GALL | David MacLennan

david.maclennan@snh.gov.uk, 01851 705258

TAOBH TATHA | Syd House

syd.house@forestry.gsi.gov.uk, 01738 442830



Pròiseactan Leasachaidh Ionadail

Tha com-pàirteachasan ionadal LEADER a' cur taic ri pròiseactan adhartach ionadail a tha a' libhrigeadh amasan ro-innleachdail ag aithneachadh nam feumalachdan agus nan riatanasan aig an sgìre ionadail. Is e riochd taic bhon a' bhonn suas a th' ann an LEADER, ag amas air comas agus misneachd coimhearsnachd a thogail agus coimhearsnachdan ionadail a chomasachadh. Tha £58m de mhaoineachadh air chothrom fo LEADER tron a' SRDP.

Tadhail aig www.scotland.gov.uk/Topics/Rural/SRDP/LEADER no cur fios gu:

EARRA-GHÀIDHEAL AGUS NA H-EILEANAN I

Sheila McLean Sheila.Mclean@argyll-bute.gov.uk,
01631 564424

Lorna Elliot

Lorna.Elliot@argyll-bute.gov.uk, 01631 563016

SIORRACHD ÀIR I Sarah Baird

sarah.baird@south-ayrshire.gov.uk, 01292 673765

AM MONADH RUADH I Patricia Methven

patriciamethven@cairngorms.co.uk, 01479 870515

DÙN PHRIS AGUS GALL-GHÀIDHEALAIBH I Ros

Halley ros.halley@dumgal.gov.uk, 01387 850228

SIORRACHD RINN FRIÙ AN EAR I Suzanne McCall

Suzanne.mccall@eastrenfrewshire.gov.uk

0141 577 3792

FÌOBHA I Barbara Solway

barbara.solway@fife.gov.uk, 08451 555555 Ex 441006

GLEANN FOIRTHE AGUS LAOMAINN I Anne-

Michelle Ketteridge

ketteridgea@stirling.gov.uk, 01786 443123

GÀIDHEALTACHDI Nicole Wallace
nicole.wallace@highland.gov.uk, 01463 702524

GLEANN CHEALBHAINN | Paul Kane
KanePaul@northlan.gov.uk, 01698 302842

MOIREIBH | David Watson
david.watson@moray.gov.uk, 01343 563635

EILEANAN ARCAIBH | Alister Brown
alister.brown@orkney.gov.uk, 01856 873535, Ex. 2855

INNSE GALL | Kathlene MacDonald
kathlene.macdonald@cne-siar.gov.uk, 01851 709285

SIORRACHD RINN FRIÙ | Keren Ferguson
keren.ferguson@renfrewshire.gov.uk, 0141 840 3097

**SIORRACHD OBAR DHEATHAIN DÙTHCHAIL |
Vicky Thomson**
vicky.thomson@aberdeenshire.gov.uk, 01467 628383

TAOBH TÀTHA DÙTHCHAIL | Rita Callander
Callanderrb@angus.gov.uk, 01307 473239

CRÌOCHAN NA H-ALBA | Maria Mackenzie
mmackenzie@scotborders.gov.uk, 01835 826661

EILEANAN SHEALTAINN | Sheila Tulloch
sheila.tulloch@shetland.gov.uk, 01595 744950

SIORRACHD LANNRAIG A DEAS | Chris Parkin
chris@ruraldevtrust.co.uk, 01555 665064

TYNE ESK | Graham Young
gyoung@eastlothian.gov.uk, 01620 827101

LODAINN AN IAR | Avril Wallace
avril.wallace@westlothian.gov.uk, 01506 777916



Ùrachadh Sòisealta

Tha roghainn de chothroman maoinichaidh ann.

BUNAIT CHOIMHEARSNACHD NA H-ALBA

a tha tairgsinn roghainn farsaing de mhaoineachadh urras agus tabhartais airson buidhnean coimhearsnachd agus carthannais. Tha cuid dhen mhaoineachaidh seo air a chuingealachadh ri buidhnean ceannach sònraichte agus/no sgìrean sònraichte a rèir cò às a tha am maoinichadh a' tighinn. Airson tuilleadh fiosrachaidh, faic www.scottishhcf.org, no cur fios thuca air fòn: 0131 524 0300.

Tha **SPORTSMATCH** a' cur taic ri pròiseactan spòrs bho na freumhan a tha a' brosnachadh com-pàirteachas aig ìre coimhearsnachd, gu sònraichte buidhnean òigridh. Tha e ag amas ceum a chumail ri taic airgid gnothachais coimearsealta not mu choinneimh not.

Cuir fios gu: spòrsalba: Doges, Templeton on the Green, 62 Sràid Templeton, Glaschu, G40 1DA, 0141 534 6500, sportscotland.enquiries@sportscotland.org.uk

Tha am **PRÒGRAM SPÒRS AIRSON TOGAIL** a' toirt a-steach a' chothroim airson solarachadh no leasachadh a dhèanamh air goireasan sam bith a tha air an cleachdadh airson spòrs sa choimhearsnachd san fharsaingeachd. Bu chòir seo a bhith ceangailte ris a' phlana ro-innleachdail aig ùghdarras ionadail no buidheann riaghlaidh.

Cuir fios gu: spòrsalba: Doges, Templeton on the Green, 62 Sràid Templeton, Glaschu, G40 1DA, 0141 534 6500, sportscotland.enquiries@sportscotland.org.uk



A' NEARTACHADH PRÒGRAM CHOIMHEARSNACHDAN: IOMAIRT NA GÀIDHEALTACHD 'S NAN EILEAN (HIE)

Tha taic ri fhaotainn airson iomairtean sòisealta agus buidhnean coimhearsnachd air feadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean gus stòrasan trusadh-ionmhais a' leasachadh agus an comas a thogail gus na stòrasan sin a stiùireadh, gus goireasan agus seirbheisean a thairgsinn a neartaicheas coimhearsnachdan ionadail.

Ceangalaichean:

PRÌOMH OIFIS HIE

info@hient.co.uk, 01463 234171

HIE EARRA-GHÀIDHEAL AGUS NAN EILEAN

lochgilphead@hient.co.uk, 01546 602281

HIE GHALLAIBH AGUS CHATAIBH

thurso@hient.co.uk, 01847 896115

HIE LINNE MHOIREIBH

inverness@hient.co.uk, 01349 868360

HIE INNSE GALL

stornoway@hient.co.uk, 01851 703703

HIE LOCH ABAIR, AN T-EILEAN SGITHEANACH AGUS TAOBH SIAR ROIS

fortwilliam@hient.co.uk, 01397 704326

portree@hient.co.uk, 01478 612841

HIE MOIREIBH

forres@hient.co.uk, 01309 696000

HIE ARCAIBH

kirkwall@hient.co.uk, 01856 874638

HIE SEALTAINN

shetland@hient.co.uk, 01595 744940



MAOIN DREUCHD NAS FHARSAINGE AIRSON UACHDARAIN SHÒISEALTA CLÀRAICHTE a'

tairgsinn taic airson Uachdarain Shòisealta Clàraichte pròiseactan a ghabhail os làimh airson dèiligeadh ri bochdainn agus anacothrom anns na coimhearsnachdan ionadail aca.

Cuir fois gu: Angela O'Brien, 0141 305 4152, angela.o'brien@scotland.gsi.gov.uk

TABHARTASAN DOL-AN-SÀS ANN AN SAIDHEANS a'

tairgsinn maoinachadh airson cur-seachadan a tha a' mìneachadh saidheans ann an dòigh spòrsail no far an urrainn dhan phoball, teaghlach no clann a dhol an sàs ann.

Cuir fios gu: Joanne Ward, 0131 244 3716, scienceengagement@scotland.gsi.gov.uk

CISTE CHOIMHEARSNACHD a' tairgsinn tabhartasan suas gu £1000 agus trèanadh an-asgaidh airson buidhnean le nas lugha na £25,000 teachd a-steach gach bliadhna. Faodaidh tabhartasan maoinachadh a chumail ri cosgaisean ruith no pròiseactan sònraichte, agus tha iad air an dealbh gus gnìomhachd aig na freumhan a neartachadh ann an coimhearsnachdan ionadail. Tha raointean prìomhachais ann airson tabhartas, ach tha fàilte ga chur air tagraidhean bho bhuidheann coimhearsnachd Albannach sam bith.

Cuir fios gu: Maoin Gnìomha Saor-thoileach, 01383 620780, Patricia.McKibben@voluntaryactionfund.org.uk

Àrainneachd

Tha roghainn de chothroman maoinneachaidh ann.

SGEAMA COIMHEARSNACHD AGUS SO-ÙRACHAIDH CONNAIDH RIAGHALTAS NA H-ALBA (CARES) a' tairgsinn comhairle gus coimhearsnachdan a chuideachadh ann a bhith a' leasachadh nam pròiseactan so-ùrachaidh connaidh aca fhèin.


Cuir fios gu: Connadh Coimhearsnachd Alba, www.communityenergyscotland.org.uk/cares.asp, 01349 860120, info@communityenergyscotland.org.uk


MAOIN DÙBHLAIN COILLTEAN AIRSON DAOINE a' cuideachadh bhuidhnean gus comas nan coilltean ionadail a thaobh slàinte, ionnsachadh agus neartachadh nan coimhearsnachdan a thoirt gu buil.

Cuir fios gu: Craig Dinwoodie, 01698 368530 craig.dinwoodie@forestry.gsi.gov.uk

Tha **DUALCHAS NÀDAIR NA H-ALBA** a' tairgsinn tabhartasan gus taic a chumail ri buidhnean coimhearsnachd airson a dhol an sàs gu gnìomhail agus a' gabhail cùram dhan dualchas nàdarra againn.

Cuir fios gu: Dualchas Nàdair na h-Alba, www.snh.org.uk, 01738 458677, grants@snh.gov.uk





© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùn 2010

Leasaichte Dàmhair 2010

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd ri fhaotainn air an làrach-lìn aig Riaghaltas na h-Alba: www.scotland.gov.uk

Tha eadar-theangachaidhean cànanain agus riochdan eadar-dhealaichte dhen fhiosrachadh a th' anns a' bhileag seo rim faotainn air iarrtas.

Cuiribh fòn gu 0131 244 6180

APS Group Scotland DPPAS10800 (10/10)

ISBN: 978-0-7559-9692-6

Dealbhachd - *Tug of War* air a thoirt seachad le
Gwen MacQuarrie